

Nàiseanta 4 Gàidhlig Èisteachd Aithris Naidheachd Earrann èisteachd air aithris naidheachd.

Bha coinneamh phoblach anns an Eilean Ghorm an-dè. Chruinnich muinntir an àite airson bruidhinn mun dòigh air adhart a thaobh bhanaichean-campachaidh agus carbadan-dachaigh.

Am-bliadhna tha an àireamh de bhanaichean-campachaidh agus carbadan-dachaigh air èirigh gu mòr. An-uiridh thadhail ceud dhiubh air an eilean - as t-samhradh am-bliadhna thadhail trì cheud. 'S e àrdachadh de thri cheud às a' cheud a tha seo.

An-dràsta chan eil bacadh air an àireamh dhiubh a tha ceadaichte tighinn air an eilean. Bha a' chuid bu mhotha dhiubh a' parcadh far an rathaid air a' mhachaire, air fearann nach eil air fheansadh, no anns na h-àiteachan-parcaidh poblach. Chan eil ach aon làrach-campachaidh air an eilean le àite airson leth-cheud bhan-campachaidh no carbad-dachaigh. Le sin tha trioblaidean ann a thaobh càite am bu chòir do na daoine nach eil a' faighinn a-steach dhan làraich-champachaidh a dhol.

Cuideachd, tha an àireamh mhòr a tha a' tighinn a' dèanamh soilleir cho gann 's a tha goireasan airson luchd-turais a tha air an eilean. Chan eil bionaichean gu leòr ann; chan eil taighean-beaga gu leòr ann, agus chan eil uisge gu leòr ann.

Chan e dìreach An t-Eilean Gorm a tha a' fulang, tha eileanan beaga mar Thròdaigh agus Beannsaigh a' fulang cuideachd. Dh'aontaich na bha an làthair gum bu chòir bruidhinn ris a' Chomhairle mun trioblaid seo.